

Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho:



Seirbheis Cùram-chloinne na Gàidhealtachd

Fòn: 0845 6011345

Facs: 01463 714764

Post-d: childcareinformationservice@highland.gov.uk

Làrach-lìn: www.scottishchildcare.gov.uk



Seirbheis Ro-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig air Ghàidhealtachd:

Sgoil-àraich Àth Tharracail

Sgoil-àraich Bhaile a' Chaolais

Sgoil-àraich Dhrochaid a' Bhanna

Sgoil-àraich an Àth Leathainn

Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

Sgoil-àraich Chnoc na Creige

Sgoil-àraich Inbhir Pheofharain

Sgoil-àraich Dhùn Bheagain

Sgoil-àraich Chaitligeach a' Ghearasdain

Sgoil-àraich Ghearrloch

Sgoil-àraich Ghlinn Urchadain

Sgoil-àraich Chille Mhoire

Sgoil-àraich Loch Carrainn

Sgoil-àraich Mhalaig

Sgoil-àraich Bhàile Ùr an t-Slèibh

Sgoil-àraich a' Phluic

Sgoil-àraich Phort Rìgh

Sgoil-àraich Shlèite

Sgoil-àraich Stafainn

Sgoil-àraich Thunga

Sgoil-àraich Ulapuil

Cròileagan Inbhir Narainn

Cròileagan Inbhir Pheofharain

Cròileagan Inbhir Theòrsa

Sgoil-àraich Bràigh Loch Abair



**Foghlam Tràth
do Chloinn
3 & 4 bliadhna**

2011-2012



Comhairle na Gàidhealtachd
Seirbheis Cùram-chloinne & Foghlaim Tràth
An t-Seann Sgoil, Àrd-Shràid, Clach na h-Aithrigh
Inbhir Nis, IV3 8RB



Fòn: 0845 6011345
Facs: 01463 714764
Postd: childcareinformationservice@highland.gov.uk

Càit am bi na h-Àiteachan Pàighte san Lùnastal 2011?

- Tha àiteachan pàighte rim faotainn aig sgoiltean-àraich an ùghdarras ionadail, agus bho bhuidhnean saor-thoileach neo prìobhaideach a dh'fhastaidh Comhairle na Gàidhealtachd gus seirbheis ro-sgoile a lìbhrigeadh. An-dràsta tha 162 sgoil-àraich aig an ùghdarras ionadail, 20 com-pàirtiche prìobhaideach barrantaichte agus 60 com-pàirtiche saor-thoileach barrantaichte. Tha e an urra riutha uile an aon churraicealam a thoirt seachad agus tha iad uile gam measadh a rèir Barrantas Càileachd Chomhairle na Gàidhealtachd, agus sgrùdaidhean nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.
- Tha caochladh àiteachan anns am faigh thu fiosrachadh mun t-seirbheis ro-sgoile as fhaisge ort san Lùnastal: a' bhun-sgoil ionadail, Ionad Seirbheis na Comhairle, Oifis Foghlaim na Sgìre neo Seirbheis Fiosrachaidh Cùram-chloinne na Gàidhealtachd.
- Thèid prìomhachas a thoirt dhan chloinn a tha fuireach ann an sgìre na sgoile, ach far a bheil dleastanas cosnaidh neo teaghlaich aig pàrant ann an sgìre eile faodar àite aontachadh ma tha rùm ann.
- Faodaidh clann an ùine a roinn eadar dà ionad fhad 's nach tèid iad thairis air na 12.5 uair san t-seachdain a tha pàighte.
- Aig cuid a dh'ionadan saor-thoileach is prìobhaideach gabhar clann mus bi iad aig aois àite pàighte, ach dh'fheumadh pàrantan pàigheadh airson na seirbheis gus am biodh an leanabh aig aois far am biodh còir aca air àite pàighte. Aig sgoiltean-àraich an ùghdarras ionadail a tha a' tabhann seisean stèidhichte, gabhar ri clann a rugadh eadar 01 Sultain 2008 agus 28 Gearran 2009 bhon t-seachdain an dèidh dhaibh a bhith trì. Bidh cosgais £6.15 ann airson gach seisean a rèir phrìsean cùram-chloinne an ama.

Cò gheibh àite an-asgaidh?

Clann a rugadh taobh a-staigh chinn-là breith sònraichte airson na bliadhna sgoile a tha tòiseachadh san Lùnastal 2011. Tha na cinn-là sin stèidhichte le Riaghaltas na h-Alba mar a leanas:

A' Bhliadhna Ro-Sgoile (4 bliadhna a dh'aois)

Tha clann a rugadh air no eadar **1 Màrt 2007 - 29 Gearran 2008** airidh air àite an-asgaidh bho **Lùnastal 2011**.

A' Bhliadhna ron Bhliadhna Ro-Sgoile (3 bliadhna a dh'aois)

Tha clann a rugadh air no eadar **1 Màrt 2008 - 31 Lùnastal 2008** airidh air àite an-asgaidh bho **Lùnastal 2011**.

Tha clann a rugadh air no eadar **1 Sultain 2008 - 31 Dùbhlachd 2008** airidh air àite an-asgaidh bho **Fhaoilleach 2012**.

Tha clann a rugadh air no eadar **1 Faoilleach 2009 - 28 Gearran 2009** airidh air àite an-asgaidh bho **Ghiblean 2012**.



Ciamar a chlàras mi mo leanabh ann an àite pàighte airson 2011-2012?

Ma tha còir aig an leanabh agad air àite pàighte sa bhliadhna sgoile 2011/2012 faodaidh tu fhèin ionad ro-sgoile a thaghadh agus clàradh iarraidh bhuapa. Feumaidh tu teisteanas-breith no dealbh-aithneachaidh eile an leanabh a thoirt leat.

Tha "an t-seachdain chlàraidh" a' tòiseachadh air 7 Gearran 2011 aig a h-uile ionad. Ged nach amaiseadh tu air a' cheann-latha sin faodaidh tu clàradh an dèidh sin fhad 's a tha àite saor aig an ionad a thag thu. Tha e nas fheàrr an leanabh agad a chlàradh cho tràth 's a ghabhas air an t-seachdain chlàraidh.



Dè na tha pàighte?

Ma tha còir aig do leanabh air àite an-asgaidh tha sin a' ciallachadh gum faigh i/e 475 uair a thìde de dh'fhoghlam ro-sgoile, mar as trice air a ghabhail mar 5 seisean de 2.5 uair a thìde airson 38 seachdain den bhliadhna sgoile. Thèid an t-ionad a phàigheadh gu dìreach airson nan uairean a tha clàraichte dhan leanabh. Chan eil airgead a' dol gu pàrantan.

Thoir an aire gur ann air pàrantan/ luchd-cùraim na cloinne a tha uallach siubhail na cloinne gu is bhon sgoil-àraich.

Foghlam Ro-sgoile sa Ghàidhlig

Ma tha thu ag iarraidh foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig dha do leanabh, tha 21 Sgoil-àraich agus 4 Ionad Com-pàirteach Saor-thoileach tro mheadhan na Gàidhlig, air Ghàidhealtachd an-dràsta. Faic am fiosrachadh air cùl na bileige seo. Fhad 's a tha àite ann gabhar ri clann à sgìre sam bith airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Clàradh fadalach gu Prìomh 1

Ann an cuid de shuidheachaidhean faodar maill a chur air clàradh leanabh gu Prìomh 1. Feumar seo a dheasbad le luchd-teagaisg sa bhliadhna ro-sgoile. Ma tha aonta air maill is dòcha gun tèid bliadhna ro-sgoile eile a thoirt seachad.

Feum air Taic a Bharrachd

Ma tha còir aig do leanabh air àite an-asgaidh, agus gu bheil cuideachd feum aca air taic a bharrachd, bruidhinn ris an luchd-obrach aig an ionad ro-sgoile aig àm clàraidh.